

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Grand Total	
Total Mark (Èisteachd)	

**X229/201**

TEISTEANAIS DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.30 PM  
2010

**GÀIDHLIG**  
**MEADHAN ÌRE 2**  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

**Na fosgail am pàipear seo chun an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Earrann A**.

Cluinnidh tu **Earrann A** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Earrann B**.

Cluinnidh tu **Earrann B** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



**Roinn A: Èisteachd**

**Ùine: 30 mionaid**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

**Earrann A**

1. Dè an cuspair mu bheil ceannard na sgoile ag iarraidh bruidhinn?

\_\_\_\_\_

**1**

2. Dè an naidheachd mhath a bh' aig a' cheannard dha na sgoilearan?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

3. Dè dh'fheumas na sgoilearan a dhèanamh air an dà latha?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

4. Dè dh'fheumas na sgoilearan a dhèanamh an dèidh na coinneimh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**3**

5. Ainmich a dhà de na roghainnean a th' aig na sgoilearan airson airgead a thogail dhan sgoil.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

6. Dè an taic a gheibh na sgoilearan a bhios a' coiseachd no a' ruith?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

Comharraidhean

7. Dè dh'fheumas na sgoilearan a dhèanamh airson nam farpaisean spòrs coimhearsnachd?

---

---

2

8. Dè cho tric 's a bhios an ceannard a' coinneachadh riutha?

---

1

(15)

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Earrann B**

1. Dè cho fada 's a bha Niall air a bhith a' smaoinichadh air iomradh thairis a' Chuain Sgìth?

\_\_\_\_\_

1

2. Dè thàinig a-steach air Niall am-bliadhna?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

3. Dè am beachd a bha aig cuid de a charaidean mu na bha e an dùil a dhèanamh?

\_\_\_\_\_

1

4. Ciamar a bha Niall fhèin a' faireachdainn mun chùis?

\_\_\_\_\_

1

5. (a) Dè a' chiad rud a bha aig Niall ri dhèanamh airson ullachadh airson an turais?

\_\_\_\_\_

1

- (b) Ciamar a dh'fheuch e ri sin a dhèanamh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

6. Ainmich trì rudan a rinn Niall fhad 's a bha e a' faighinn deiseil airson an turais.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

7. Dè bu choireach gun d' fhuair Niall air adhart gu math air a' chiad phàirt dhen turas?

---



---

2

8. Dè thachair fhad 's a bha Niall na chadal?

---

1

9. Innis aon rud a thug toileachadh do Niall nuair a ràinig e Ulapul.

---

1

(15)

[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
<b>Grand Total</b>	<b>90</b>



# X229/202

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2010

DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.**

**Roinn A**

**Earrann A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**EARRANN A**

**Tha ceannard na sgoile a' bruidhinn ri na sgoilearan ann an talla na sgoile.**

Madainn mhath agus fàilte chun na coinneimh shònraichte seo. An-diugh tha mi airson bruidhinn ribh mu dheidhinn airgead a chruinneachadh airson adhbharan math. Deagh naidheachd an toiseach. Chan fheum sibh tighinn dhan sgoil airson an dà latha mu dheireadh den teirm seo. Ach, chan e saor-làithean a bhios an seo idir. Air a' chiad latha bidh sibh a' togail airgid airson na sgoile agus air an dara latha bidh sibh a' togail airgid do bhuidheann carthannais.

Faodaidh sibh fhèin taghadh cò a' bhuidheann carthannais a tha sibh airson a chuideachadh. Tha bileagan ann an oifis na sgoile a tha ag innse mu bhuidheannan eadar-dhealaichte. An dèidh na coinneimh seo, bu chòir dhuibh a dhol dhan oifis, aon bhuidheann a thaghadh agus ur n-ainmean a chur air bileag na buidhne sin. Aon uair 's gun tagh sibh buidheann, chan urrainn dhuibh ur n-inntinn atharrachadh.

Agus a-nis fiosrachadh air na bhios a' tachairt. An latha a bhios sibh a' togail airgid airson na sgoile bidh agaibh ri coiseachd deich mìle, ruith còig mìle no snàmh dà mhìle. Ma bhios sibh a' coiseachd no a' ruith, tha e cudromach gum bi brògan, stocainnean agus aodach freagarrach oirbh. Chan fheum sibh càil a ghiùlan oir bidh carbadan suas is sìos air an t-slighe le bùrn agus stuthan meadaigeach ma bhios feum agaibh air rud sam bith.

Air an dara latha, bidh farpaisean spòrs airson na coimhearsnachd air an cumail air raon-cluiche na sgoile. Feumaidh sibh fhèin gach ullachadh a dhèanamh ro-làimh agus rian a chumail air na farpaisean air an latha. Bidh na farpaisich agus an luchd-amhairc a' pàigheadh airgid.

Bidh mi a' coinneachadh ribh a h-uile seachdain airson na sia seachdainean a tha romhainn gus am bi fios agam gu bheil sibh a' dèanamh adhartas iomchaidh.

**After the second reading of Earrann A, wait for 5 minutes, and then read Earrann B.**

**Earrann B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

## **EARRANN B**

Chuir gille à Steòrnabhagh roimhe iomradh leis fhèin thairis a' Chuain Sgìth airson airgead a thogail do charthannas.

Neach-naidheachd: Feasgar math, a Nèill, agus meal do naidheachd air an turas a rinn thu.

Niall Dòmhnallach: Feasgar math agus tapadh leat.

Neach-naidheachd: Dh'iomair thu tarsainn a' Chuain Sgìth, eadar Steòrnabhagh is Ulapul, leat fhèin san Iuchar. Cuin a chuir thu romhad sin a dhèanamh?

Niall Dòmhnallach: Bha mi air a bhith a' smaoinichadh air o chionn iomadh bliadhna. Ach am-bliadhna bhuail e orm nach robh sìon gam chumail bho bhith a' feuchainn air agus gum faodainn airgead a thogail do charthannas aig an aon àm. Nuair a dh'innis mi dha mo charaidean na bha nam bheachd, cha robh a' mhòr-chuid dhiubh gam chreidsinn. A dh'innse na firinn, cha robh mi fhèin cinnteach am b' urrainn dhomh a leithid a dhèanamh.

Neach-naidheachd: Dè na bh' agad ri dhèanamh de dh'ullachadh agus de thrèanadh?

Niall Dòmhnallach: B' e a' chiad rud a bh' agam ri dhèanamh bàta freagarrach a lorg airson iomradh còrr is ceathrad mìle. Rinn mi tòrr rannsachaidh air an eadar-lìon agus chuir mi fios gu companaidhean bhàtaichean. Fhuair mi fios air ais bho chompanaidh a tha mion eòlach air a bhith a' cur rèiseachan iomraidh air dòigh. Thuirt iad gun robh bàta aca a bha freagarrach dhomh agus gun toireadh iad dhomh iasad dhith an-asgaidh.

Neach-naidheachd: Dè na rudan eile a bh' agad ri dhèanamh?

Niall Dòmhnallach: Bha gu leòr! Bha mi a' dol dhan ionad-spòrs cho tric 's a b' urrainn dhomh. Dh'ionnsaich mi mu shàbhailteachd aig muir agus dh'ionnsaich mi cuideachd mar a chleachdainn uidheamachd rèidio.

Neach-naidheachd: Cò ris a bha an turas fhèin coltach?

Niall Dòmhnallach: An dèidh nam mìosan ag ullachadh, bha e math faighinn air falbh. Nuair a dh'fhàg mi Steòrnabhagh, bha gaoth làidir on iar nam chùlaibh a bha gam phutadh a-null agus rinn mi adhartas math an toiseach. Ach mar a chaidh an latha air adhart, thuit a' ghaoth agus bha agam ri obrachadh glè chruaidh airson adhartas a dhèanamh. Thòisich mo làmhnan a' fulang gu mòr aig an ìre sin.

Neach-naidheachd: Dè an rud bu mhiosa mun turas?

Niall Dòmhnallach: Chaidil mi airson leth-uair a thìde agus, nuair a dhùisg mi, bha an sruth air mo chur air ais pìos mòr. Bha mi a' faireachdainn gu math ìosal aig an ìre sin agus theab mi stad. Ach, chùm mi air adhart. Thug e fìor thoileachas dhomh gun robh sluagh mòr gam fheitheamh agus gun do chruinnich mi suim mhòr airgid.

Neach-naidheachd: Abair turas agus abair oidhirp airson carthannas. Mòran taing.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/203**

TEISTEANAIS DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS  
NÀISEANTA 1.50 PM – 3.30 PM  
2010

**GÀIDHLIG**  
**MEADHAN ÌRE 2**  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Na fosgail am pàipear seo chun an tèid iarraidh ort.

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

**Turas gu Iapan***le Seumas Camshron*

An dèidh iomadh leabhar a leughadh agus làraich-lìn a rannsachadh, roghnaich mi a dhol gu Iapan gus na sgilean agam ann an Iapanais a thoirt air adhart. Chuir mi romham a dhol a theagasg pàirt-ùine ann an sgoil ann am baile Kawagoe.

'S e baile gu math mòr a th' ann an Kawagoe agus tha e mu 100 cileameatair gu tuath air meadhan Tokyo. Thagh mi Kawagoe seach nach eil e cho mòr ri cuid dhe na bailtean ann an Iapan ach bha e fhathast furasta siubhal gu Tokyo nuair a bhithinn airson sin a dhèanamh.

Bha uallach orm an toiseach nach bithinn math gu leòr air a' chànan agus nach tuiginn càil. Ach, airson an cànan ionnsachadh, dh'aontaich mi a dhol gu clasaichean pàirt-ùine. Cha robh e gu diofar dè an ìre cànan aig an robh na h-oileanaich. Bha am prògram air a chur air dòigh aig ceithir ìrean bho luchd-tòiseachaidh gu àrd-ìre.

Gach madainn bha clas agam eadar naoi uairean is meadhan-latha. Dh'fheumadh a h-uile duine dà uair a thìde de chànan a dhèanamh gach latha. Airson na h-uair a thìde eile, dh'fhaodamaid aon chuspair a thaghadh bho ealan Iapan, litreachas, poilitigs, eachdraidh no cruinn-eòlas. Bha na cuspairean sin air an teagasg tro mheadhan na Beurla agus loma-làn fiosrachaidh mu Iapan.

Bha na h-oileanaich à dùthchannan eile a' fuireach còmhla ri teaghlaichean Iapanach. Bha seo math gus sgilean labhairt is èisteachd a thoirt air adhart. Cha robh mòran Beurla aig an teaghlach còmhla ris an robh mise a' fuireach agus, mar sin, bha agam ri feuchainn air bruidhinn ann an Iapanais.

Aon latha, ghabh mi fhèin agus caraid cuairt timcheall Kawagoe oir bha Fèill an Earraich ann. Aig an àm seo dhen bhliadhna, bidh dìthein a' fàs air na craobhan-sirist. Tha seo a' sealltainn gu bheil an t-earrach air tighinn agus bidh muinntir Iapain a' dol a-mach gus seo a chomharrachadh. Thèid iad gu na pàircean no gàrraidhean mu chuairt nan teampall far a bheil na craobhan-sirist a' fàs gu pailt. Tha mòran fhèilltean ann fad na bliadhna a' comharrachadh iomadh rud — agus is math sin dha-rìribh! Tha iad a' sealltainn gu bheil Iapan eadar-dhealaichte agus tha iad a' tarraing luchd-turais dhan dùthaich. Thadhail sinn air teampall far an robh buidheann mòr de bhoireannaich a' comharrachadh an earraich le bhith a' dèanamh dannsa traidiseanta.

Latha eile, thadhail sinn air seann tùr agus bha sinn a' bruidhinn ri bodach a dh'innis dhuinn mu eachdraidh an tùir fhèin agus mun bhaile mu thimcheall oirnn. Bha am fear seo air a bhith còrr is fichead bliadhna ag obair mar neach-aithris san tùr. Leis an aimsir cho math, bha mòran dhaoine mun cuairt agus thòisich balach beag a' bruidhinn rinn. Dh'innis am balach seo dhuinn mun àite na fhacail fhèin. Chuir e iongnadh oirnn gun robh e a-muigh sa bhaile na aonar 's gun e ach naoi bliadhna a dh'aois. A thuilleadh air na dh'innis e fhèin, bha am balach ag eadar-theangachadh cuid dhe na bha am bodach ag ràdh.

**CEISTEAN**

1. Dè an dà dhòigh san d' fhuair Seumas fiosrachadh mus do cho-dhùin e a dhol gu Iapan?

---



---

2

2. Dè an obair a bhiodh aige ann an Iapan?

---



---

2

3. Ainmich dà rud a tha air innse mu dheidhinn Kawagoe.

---



---

2

4. Dè bha a' cur dragh air Seumas aig an toiseach?

---



---

2

5. Dè rinn e airson a sgilean cànan a leasachadh?

---

1

6. Ciamar a bha an cùrsa cànan air a chur air dòigh?

---



---

2

7. Dè cho fada 's a bha an clas cànan gach madainn?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

<p>8. Ainmich dà chuspair eile a dh'fhaodadh oileanaich a thaghadh.</p> <hr/>	<p>1</p>
<p>9. Càite an robh na h-oileanaich a' fuireach?</p> <hr/>	<p>1</p>
<p>10. Dè gu h-àraidh a chuidich Seumas gus na sgilean aige ann an Iapanais a thoirt air adhart?</p> <hr/> <hr/>	<p>2</p>
<p>11. Carson a chaidh Seumas agus caraid cuairt?</p> <hr/>	<p>1</p>
<p>12. Dè bhios a' fàs aig an àm sin den bhliadhna?</p> <hr/>	<p>1</p>
<p>13. Càite am biodh na daoine a' dol airson an t-Earrach a chomharrachadh?</p> <hr/> <hr/> <hr/>	<p>3</p>
<p>14. Dè a' bhuidhe a tha aig na fèilltean air Iapan?</p> <hr/> <hr/>	<p>2</p>
<p>15. Ciamar a bha na boireannaich a chunnaic iad a' comharrachadh an Earraich?</p> <hr/> <hr/>	<p>1</p>



Comharraidhean

16. Dè dh'innis am bodach dhaibh?

---



---

2

17. Dè chuir iongnadh orra mun bhalach?

---



---

2

18. A thuilleadh air innse mun àite, dè rinn am balach?

---



---

2

**(30)**

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 60 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |  |      |
|--|------|
| 1. Latha a chòrd rium gu mòr.                      | (30) |
| 2. An caraid as fheàrr a th' agam.                 | (30) |
| 3. Am prògram telebhisean Gàidhlig as fheàrr leam. | (30) |
| 4. Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil . . .             | (30) |
| 5. An litir.                                       | (30) |
| 6. Còmhradh ri cuideigin inntinneach.              | (30) |
| 7. Leabhar-là nan saor-làithean agam.              | (30) |
| 8. An dealbh.                                      | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**